

**Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh MG ALBA**

Crowne Plaza, Pacific Quay

Dimàirt 21/5/19, 0900-1500

Dreachd geàrr-chunntas

**Bòrd:** Daibhidh Brew (sa Chathair) Màiri Kidd  
Donaidh MacAmhlaidh Dùghall MacAmhlaigh  
Ailean Dòmhnallach (an lathair)

**Luchd-obrach:** Dòmhnall Caimbeul (Àrd-Oifigear)  
Donaidh Dòmhnallach (Stiùiriche Ionmhais Eadar-amail)  
Nicola Pearson (Cunntasair Stiùiridh)  
Niall M. Greumach airson puingeon 13-16  
Mairi Anna NicAonghais (a' gabhail notaichean)

**An làthair:** Eunice McAdam, Saffrey Champness airson puingeon 13-16

**Gnothaichean gnàthach**

**1 Leisgeulan**

Cha robh gin.

**2 Gnothach Dearbhte**

Cha robh gin.

**3 Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh: 6/2/19**

Aontaichte.

**4 Gnothaichean ag èirigh**

4.1 Plana trèanadh a' bhùird – le buill ùr a' tòiseachadh sna mìosan air thoiseach agus ri linn clàr-chùisean trang aig coinneamh a' bhùird san Ògmhios, chaidh aontachadh seisean trèanaidh air PSB a chuir dheth.

- 4.2 B' e beachd a' Chathraiche gum biodh trèanadh sam bith nas fheàrr a làimhseachadh air leth bho choinneamhan bùird, le là trèanaidh air PSB ga chumail ron Nollaig. (Gnìomh: MAMI)
- 4.3 Poileasaidh Saorsa Fiosrachaidh - chaidh aontachadh gun deidheadh crìoch a chuir air an obair ceanglaichean a chuir san sgeama foillseachaidh ron Fhoghair. (Gnìomh: KP)

## 5 Clàr Riosgan

- 5.1 Chaidh a' Chlàr Riosgan ùr air beulaibh a' Bhùird sa Ghearran 2019 far an deach aontachadh gum bu chòir gach riosg a bhith a' sealltainn miann no sannt a' bhùird (aig ìre Ard, Meadhanach neo Ìseal); gun deidheadh riosgan a bhathas a' measadh os cionn sannt a' Bhùird a shònrachadh dhan Bhòrd agus gun deidheadh neach-seilbh a chomharrachadh airson gnìomhan leasachaidh mu choinneamh gach riosg. Bha an tionndadh sin den chlàr riosgan ùr air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.
- 5.2 Chaidh aontachadh na riosgan a bha air am measadh aig an ìre as àirde a chuir chun bhùird, le mìneachadh a bharrachd a bhiodh na bhun-stèidh air deasbad. B' iad sin na riosgan co-cheangailte ri maoineachadh ro-innleachdail.
- 5.3 Chaidh aontachadh gun cumadh a' Chomataidh sùil air na riosgan a bha air am measadh aig ìre mheadhanach ach os cionn sannt a' bhùird, ach nach robh iad riatanach airson aire a' bhùird.
- 5.4 Chaidh aontachadh gum b' urrainn gnìomhan leasachaidh ìsleachadh a thoirt air buaidh (impact) nan riosgan a bharrachd air coltas nan riosgas (likelihood) agus gum bu chòir sin a shealltainn.
- 5.5 Chaidh aontachadh gun tèid coimhead ris an siostam dathan (RAG) atharrachadh gus a chleachdadh son sealltainn a) riosgan aig an ìre as àirde agus airson aire a' bhùird [dearg]; b) riosgan os cionn miann a' bhùird agus airson deasbad aig a' Chomataidh [buidhe]; agus c) riosgan eile a shealltainn nach eil ag adhbharachadh dragh aig an ìre-sa [uaine]
- 5.6 Chaidh aontachadh gum bu chòir còmhradh a bhith aig a' bhòrd mun riosg co-cheangailte ris an sgioba àrd-stiùiridh a bhith fo chus uallach.
- 5.7 Co-cheangailte ris an riosg 3 mu agartachd (litigation), chaidh aontachadh gum bu chòir ìre an riosg a bhith nas àirde o chionns gu bheil am buidheann an sàs ann am barrachd foillseachaidh leithid Youtube, na meadhan sòisealta msaa. Mar mhaothachadh (mitigation) air an seo, thèid lèirmheas a dhèanamh air na h-àrachasan (insurances) air fad a th' aig a'

bhuidheann, nan luib àrachas foillseachaidh, gus dèanamh cinnteach gu bheil sinn dìon bho na riosgan air fad a thathas a' giùlain. (Gnìomh: NP)

(Gnìomhan eile air fad: DMD)

## **6 KPIs**

- 6.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh coileantachd amasan na buidhne.
- 6.2 Chaidh innse gun deach amasan na bliadhna 2018-19 a chur an cèill sa Phlana Obrachaidh, leis a' mhòr chuid gan coileanadh.
- 6.3 Chaidh còmhradh a chumail co-cheangailte ri nach deach SpeakGaelic, iomairt ionnsachaidh iomadh-mheadhanach, a mhaoineachadh fhathast. Bha buill a' faicinn seo mar eisimpleir de ghnìomh a bha a' crochadh gu mòr air miann bhuidhnean eile agus gun sgioba àrd-stiùiridh fo ghoireas (under resourced) airson meudachd leithid de dh' iomairt.
- 6.4 Chaidh còmhradh a chumail mu nach do ruig ruigse seachdainneil an luchd-coimhid Gàidhlig ach 59% an coimeas ris an targaid 60% - chaidh deasbad a chumail mu shiostam rannsachaidh BARB agus chaidh aontachadh gu faodadh am Bòrd no Comataidh Inbhean, aig àm freagarrach, deasbad a chumail air neartan is laigsean siostam BARB.
- 6.5 Chaidh còmhradh a chumail nach do ruig seallaidhean air an iPlayer ach 3.9m an coimeas ris an targaid de 5m. An dèidh deasbaid mu discoverability na seanail air an iPlayer air diofar innealan, chaidh aontachadh gum biodh e iomchaidh tuigse nas doimhne fhaighinn air an duilgheadas seo agus gum biodh pìos obrach feumail. (Gnìomh: IMT)
- 6.6 Chaidh moladh agus taing na Comataidh a thoirt don bhuidheann a thaobh dèanadas iomlan na buidhne san fharsaingeachd. Tha coileantas taobh a-staigh raointean an Lèirsinn soirbheachail a dh'aindeoin fo-ghoireasan.

## **7 HR**

- 7.1 Bha aithisg ionmhasail air goireasan daonna aig toiseach na bliadhna ionmhais air beulaibh bhall agus bha buill riarachtaichte.
- 7.2 Co-cheangailte ri luchd-obrach a' gabhail ùine dheth gun phàigheadh, chaidh aontachadh gum bu chòir sùil a chumail gus dèanamh cinnteach nach robh am buidheann fo chus uallach bho thaobh obrachaidh. Thèid figearan a chuir an cèill gus

sealltainn dè an ùine dheth a ghabh luchd-obrach sa bhliadhna mu dheireadh.

(Gnìomh: NP)

## **8 In-sgrùdadh**

- 8.1 Na Meadhanan Sòisealta - bha pàipear air bheulaibh bhall a' mineachadh gun deach a' chiad dreach de phoileasaidh Na Meadhanan Sòisealta a sgrìobhadh airson aonta an Sgioba Àrd-stiùiridh sa Chèitean. Thèid seo agus ciad sgrùdadh air cleachdaidhean na buidhne mu choinneimh ìrean a' phoileasaidh mu choinneimh na Comataidh san t-Sultain 2019. (Gnìomh: KP)
- 8.2 Èifeachdas a' Bhùird - chaidh a chomharrachadh gun deach an in-sgrùdadh airson Èifeachdas a' Bhùird a-mach gu tabhainn a' gabhail a-steach an clàr-ama a bha air aontachadh aig coinneamh na Comataidh mu dheireadh. Le dùil ri tagraidhean a-staigh 27/5/19, thèid fios a chumail ris a' Chomataidh mun t-slighe air adhart. (Gnìomh: KP)

## **9 Planadh Bhuidseatan 2019/20**

- 9.1 Bha pàipear air beulaibh bhall far an robh fainear ga thoirt gu bheil Plana Bhliadhnail 2019/20 a' moladh bhuidseatan luach £13m an coimeas ri teachd-a-steach de £12.8m. Ri linn sin, tha £200k ri lorg tro shàbhalaidhean no teachd-a-steach ùr. Chaidh deasbad a chumail.
- 9.2 Bha an t-Àrd-Oifigear cofhurtail nach fheumadh co-dhùnaidhean cruaidh a dhèanamh aig an dearbh àm seo agus gun deigheadh manaidseadh a dhèanamh air an t-sruth-airgid.
- 9.3 Chaidh gabhail ris an sin, ach chaidh moladh gum bu chòir na buidseatan atharrachadh gu eadar-amail gus am biodh e soilleir gun robh iad ag obair mar inneal manaidsaidh a bha casg cosgais seachad air crìochan aontaichte – leis an sin bhiodh e nas soilleire gun robh siostam ann a bha a' cumail smachd.
- 9.4 Chaidh aontachadh ged nach robh feum air aonta a' bhùird san Ògmhios, gun deidheadh pàipear thuca le fiosrachadh, far an deidheadh figearan ann an da-rìribh a chuir ri buidseatan a bha ri ghearradh gu eadar-amail gus am beàrn de £200k a chothromachadh ron luchar. Thèid a chuir air beulaibh na Comataidh airson ùghdarrachadh ro dheireadh an t-luchair agus thèid a chuir fa chomair a' Bhùird san t-Sultain. (Gnìomh: DMD)

## **10 Cùmhnantan Seirbheis**

- 10.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh mu na cùmhnantan airson seirbheisean a bh' aig am buidheann an ceartuair a' sealltainn deitichean ùrachaidh, deitichean tòiseachaidh, deitichean lèirmheas agus cosgaisean bliadhnail.
- 10.2 Chuir a' Chomataidh fàilte air a' phàipear agus chaidh aontachadh gun deigheadh tòiseachadh air na lèirmheasan a dhèanamh agus gun deigheadh am pàipear ùrachadh fhad 's a bhiodh na sgrùdaidhean gan dèanamh.
- 10.3 Thig fios às ùr air ciamar a tha a' dol leis na lèirmheasan san t-Sultain. (Gnìomh: NP)

## **11. Gnòthaichean riaghlaidh na Comataidh**

- 11.1 Bha Aithisg Bhliadhna na Comataidh airson 2018/19 agus clàr-obrach na Comataidh airson 2019/20 air beulaibh bhall. Le atharrachadh beag no dha, chaidh seo aontachadh agus thèid e air adhart chun bhùird aig coinneamh air 11/6/19. (Gnìomh: MAMI)
- 11.2 Chaidh a chomharrachadh gum bi Donaidh MacAmhlaigh, a bhios a' gabhail thairis dreuchd Cathraiche, an urra ri cunntasan 2019/20.
- 11.3 Fèin-mheasadh na Comataidh – bha pàipear air beulaibh bhall, a' toirt iomradh air na freagairtean iomlan a thàinig bho bhuill na Comataidh. Chaidh còmhradh a dhèanamh air na h-earrannan far an robhar den bheachd a dh'fhaodadh leasachadh a thighinn. Thèid fa-near a thoirt do na molaidhean seo agus thèid seo air beulaibh a' bhùird air 11/6/19. (Gnìomh: MAMI)
- 11.4 Chaidh aontachadh leirmheas a dhèanamh poileasaidhean cunntasachd na buidhne san Dùbhlachd. (Gnìomh: DMD)
- 11.5 Bha a' Chomataidh riarachta le siostaman manaidseadh riosgan na buidhne ged a thèid obair a dhèanamh gus fhaighinn ceart aig ìre ro-innleachd.
- 11.6 Chaidh taing an luchd-obrach a bhuileachadh air a' Chomataidh airson an cuid obrach.

## **12 Aithisgean Raitheil – Q4 2018/19**

- 12.1 Chaidh iad seo a chomharrachadh.
- 12.2 Chaidh innse gu robh obair a' dol air modhan-obrach ùra gus a bhith ag ullachadh aithisgean dàta na buidhne a dhèanadh cuisean nas èifeachdaiche.

### **13 Cunntasan reachdail 2018/19**

- 13.1 Bha dreachd de na Cunntasan Reachdail airson na bliadhna gu 31 Màrt 2019 air beulaibh bhall. Thug an Stiùiriche Ionmhais iomradh orra agus chaidh deasbad a chumail.
- 13.2 Chaidh aontachadh gun deigheadh am briathrachas atharrachadh, ann an co-bhann leis an luchd-sgrùdaidh, gus a dhèanamh soilleir gu bheil cumha lèirmheas (review clause) ann an cùmhnantan nam pasgan gun fhios nach bi lùghdachadh susbainteach ann am maoinachadh Riaghaltas na h-Alba agus cuideachd gum bi cumha brisidh (break clause) sa mhàl air oifisean agus stiùidio Steòrnabhaigh.
- 13.3 Chaidh aontachadh an nota co-cheangailte ri pàigheadh bhall atharrachadh gus sealltainn an sùim ann an da-rìribh a fhuair gach ball agus foillsich gun do dh'fhàg aona bhall a dreachd air a' bhòrd.
- 13.4 An dèidh deasbaid san fharsaingeachd, agus le cinnt gun deidheadh sgioblachadh a dhèanamh air cuid a rudan ann an co-bonn ris an luchd-sgrùdaidh, cho-dhùin a' Chomataidh na cunntasan a mholadh chun Bhùird. (Gnìomh: NMG)

### **14 Aithisg an luchd-sgrùdaidh chun Chomataidh**

- 14.1 Bha aithisg air beulaibh bhall a' daingneachadh gum biodh an luchd-sgrùdaidh a' toirt seachad beachd nach robh cuspairean, atharraichean no foillsichidhean susbainteach a bharrachd a dhith air na Cunntasan Reachdail. Chaidh mìneachadh a dhèanamh agus chaidh deasbad a chumail.
- 14.2 Ged nach deach riosgan mòra sam bith a lorg san sgrùdadh, chomharraich an luchd-sgrùdaidh an fheadhainn a leanas.
- 14.3 Bha cuid a chairtean creideis far an robh dìth cuidhteas airson cuid a chosgais. Chaidh aontachadh paipear fiosrachaidh a chuir air beulaibh na Comataidh san t-Samhain gus daingneachadh gun deach leirmheas a dhèanamh air modhan-obrach cairtean creideis (Gnìomh: NP)
- 14.4 Tha feum air ùghdarras a bharrachd airson formaichean cosgail bhall
- 14.5 Bu chòir 'payroll summary' a bhith air a chumail air leth agus gu dìon bho fàirdealan ceannachd
- 14.6 Thug an Stiùiriche Ionmhais agus an sgioba taing don luchd-sgrùdaidh airson an cuid obrach.
- 14.7 Chaidh èifeachdas obair ionmhais na buidhne a chomharrachadh.

14.8 Tha a' Chomataidh air chomas barrantas aig àrd ìre a thoirt chun bhùird gu bheil an t-airgead dha chosg gu ceart.

**15 Aithisg Bhliadhnail 2018/19**

15.1 Bha dreach de earrannan na h-Aithisg Bhliadhnail air beulaibh bhall. Chaidh deasbad a chumail mu Teachdaireachd a' Chathraiche. Chaidh aontachadh gun deigheadh tionndadh eile a chuirteachadh air a' bhòrd air fad. Thug an Comataidh aonta air an Aithris Riaghlaidh. Bidh tionndadh air beulaibh a' bhùird aig coinneamh a' Bhùird air 12/6/19. (Gnìomh: MAMI)

**16 Foillseachadh Fiosrachadh Ionmhais**

16.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' sealltainn fiosrachaidh ionmhais a dh'fheumas a shealltainn a rèir Public Services Reform (Scotland) Act 2010. Chaidh seo a chomharrachadh agus thèid a chuir air làrach-lìn na buidhe. (Gnìomh: MAMI)

**17 GISBE**

17.1 Le bhith a' togail seasamh na Gàidhlig agus BBC ALBA tro bhith a' craoladh gheamaichean Alba aig Cupa na Cruinne, tha am buidheann dha mheasadh cudromach a bhith an làthair aig na geamaichean a thèid an craoladh, ann an cuideachd an SFA agus luchd-ùidh na buidhne. Tha an SFA a' tabhann thiocaidean aig geama càrdeil an aghaidh Jamaica agus geamaichean Cupa na Cruinne san Fhraing.

17.2 Chaidh aontachadh gun deidheadh pàipear a sgrìobhadh leis an Àrd-Oifigear a thigeadh air beulaibh na Comataidh air an tèid beachdachadh air dè tha iomchaidh fo Còd Giùlain nam Ball a thaobh a bhith a' gabhail aigheachd bho bhuidheann airson siubhal thall thairis.

17.3 Thèid cuideachd comhairle a thoirt seachad air na cothroman còmhraidh agus coiteachaidh a dh'fhaodadh a bhith an lùib an turais, le feum air ro-innleachd poiliteach a bhith aig a' bhuidheann. (Gnìomh: DC)

17.4 Thèid spòrs a dheasbad aig coinneamh a' bhùird air 11/6/19 agus cuideachd an fheum airson airgead a chosg air neartachadh na buidhne. (Gnìomh: DC)

**18 Deit na h-ath choinneimh – 5/9/19, Steòrnabhagh**

*Ainm sgrìobhte a' Chathraiche:*

*Deit:*